

NA LEIG AILLSE NAN SGAMHAN A-STEACH.

Dh'fhaodadh cion analach seach an àbhaist no casad leantainneach a tha ùr, agus a mhaireas còrr is 3 seachdainean, a bhith nan aillse nan sgamhan – gu sònraichte ma tha thu os cionn 40.

Mar as luaithe a thèid a lorg,
's ann as fhada a bhios e a
làimhseachadh. Cuir fios gu ionad
dotair an teaghlaich agad
(GP practice) gun dàil.



Healthier
Scotland
Scottish Government

GetCheckedEarly.org

Ged as dòcha nach bu chòir dhut dragh a ghabail,
's fheàrr sgrùdadadh fhaighinn air cho luath 's a ghabhas.
Tha ionad dotair an teaghlaich agad (GP practice) ag
iarraidh cluinntinn bhuat.

COMHARRAIDHEAN

Gun mhineachadh agus leantainneach (3+ seachdainean) san fheadhainn aig 40+ bliadhna a dh'aois:

- > Atharrachadh air casad no casad às ùr
- > Atharrachadh air cion analach no cion analach às ùr
- > Sgios air cuideigin a tha no a bha a' smocadh
- > Galar sa bhroilleach a tha leantainneach no a' tilleadh

Dh'fhaodadh na leanas a bhith na lùib cuideachd:

- > A' cur fuil a-mach le casad
- > Cràdh sa bhroilleach/sa ghualainn
- > Call cuideim gun mhìneachadh
- > Call càil a' bhidhe
- > An tùchadh

A' FAIGHINN SGRÙDADH

Na bhios dùil agad ris nuair a chuireas tu fios gu ionad dotair an teaghlaich agad:

- > Tha cuid de sgrùdaidhean gan cumail air fòn no bhideo
- > Èistidh an GP/neach-clionaig prìomh chùram agad ris na ceisteann a tha ort mun t-slàinte agad agus cuiridh iad ceisteann mu do chuid chomharraighean
- > Faodaidh gun iarr iad ort tighinn a-steach gus do bhroilleach a sgrùdadadh
- > Nì iad co-dhùnadadh a bheil feum agad air gath-x broillich no deuchainnean eile agus cuiridh iad iad seo air dòigh dhut
- > Ma bhios feum agad air barrachd sgrùdaidhean, faodaidh gun cuir iad air dòigh dhut neach-sònraichaidh broillich fhaicinn ann an ospadal

A' GABHAIL IOMAGAIN MU CHUIDEIGIN?

Ma tha gin de na comharraighean a thathar ag ainmeachadh air an duilleachan seo air ball den teaghlaich no caraid agad, brosnaich iad gus fios a chur gu ionad dotair an-teaghlaich aca. Tha an t-àm ann còmhchradh a thòiseachadh.